

An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

An t-Earrach 2023, Leabhar XXXIX, Àireamh 1
Spring 2023, Volume XXXIX, No. 1

Tha Daibhidh Dauvit na òraidiche Gàidhlig sa Phrògram Cheiltis, Oilthigh Toronto, agus tha e air a bhith a' teagasg na Gàidhlig fad còrr is 25 bliadhna. Dh'ionnsaich e Gàidhlig an Alba agus Ceap Breatainn, a bharrachd air Gàidhlig h-Èireann ann an Conamara agus Dùn nan Gall.

David Livingston-Lowe is a Gaelic instructor in the Celtic Studies Program, University of Toronto, and has been teaching Gaelic for over 25 years. He studied Gaelic in Scotland and Cape Breton in addition to Irish in Connemara and Donegal.

Aibidil na Gàidhlig – Ath-bheòthaichte agus Ath-sgrùdaichte le Daibhidh Dauvit

Cuid a h-Aon

Gheibh luchd-teagaisg na Gàidhlig na ceistean “Ciamar a litricheas tu faclan gu h-àrd?” no “Dè na h-ainmean a tha air na litrichean anns an aibidil Ghàidhlig?” Feumaidh a fhreagairt fhèin a bhith aig a h-uile duine, a rèir ìre ùidhe no eòlais. Dh'fhaodte gun can cuid “Cha chleachd sinn ach na h-ainmean Beurla” agus sin e. Dh'fhaodte gun can cuid eile nach e cùis chudromach a tha innte mar bha an co-chomann traidiseanta Gàidhlig beul-fhoghlaimte agus cha chuireadh iad cudrom air sgrìobhadh no litreachadh. Dh'fhaodte gun toir cuid eile luaidh air an t-Seann-Ghàidhlig no air an Ogham-chraobh agus mar a tha beagan ainmean craobhan san Ogham – rud bhon t-seann-saoghal nach cleachdar an-diugh ach air turasgar turasachd no air làraich-lìn nua-phàganach. Tha earann dhen fhìrinn aig gach freagairt roimhe. Dhòmhsa, is e aithghearrachd shoirbh a tha ann a ràdh “cha chan sinn ach na h-ainmean Beurla” agus sin uile e. Co-dhiù, tha mi fhathast mì-thoileach mun fhreagairt agam. Cha mhòr gun gabhadh e beagan mhionaidan de dh'ùine an neach-teagaisg gus aibidil ionnsachadh a tha coltach ris a' chànan bhon tàinig i. Cha tèid agam mìneachadh a dhèanamh air carson nach do thachair seo fhathast an Alba no an Èirinn. Tha dà shiostam ri ar làmhnan a chleachdas an neach-teagaisg – an t-Ogham-chraobh (aibidil nan craobhan) agus aibidil Èireannach nua-aimsireil. Anns an dàrna cuid



© Cari Buziak
<https://www.aon-celtic.com/>

A Gaelic Alphabet – Revived and Revised

by David Livingston-Lowe

Part One

Gaelic teachers may encounter the questions “How do you spell words aloud?” or “What are the names of the letters in the Gaelic alphabet?” Each of us must give our own answer based on our level of interest or knowledge. Perhaps some say “we just use the English names” and leave it at that. Perhaps others say that it's not an important issue since traditional Gaelic society was orally literate and placed no importance on writing or

In This Issue

Litir bhon Cheann-suidhe	4
Crossword Puzzles.....	6
Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig	7
Bàrdachd airson ar linn	9
The Gaelic Society of Toronto Gaelic Poetry Contest	10
Meek Lines	11
A Website to Watch	12
Facal à Aonghas / A Word From Angus.....	13
Litir à Dùn Èideann.....	14
Book Review: An Tarrag le Seumas Mac a' Ghrùdair	15
An t-àite agam fhìn	16
Mustard Roasted Potatoes (Bilingual Recipe).....	19
Dè Tha Dol?	20

Go to www.acgamerica.org for more on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.



(a nochdas san Ògmhios 2023), bruidhnidh mi mu aibidil nua-aimsireil agus molaidh mi earrann a bharrachd airson litrichean nach fhaighear san absaidh thraidiseanta.

A' Bheith-Luis-Nuin – An t-Ogham-chraobh

Is e an t-Ogham an dòigh-sgrìobhaidh as sine aig a' Ghàidhlig, air a chleachdadh gu h-àraidh airson shnaidh-sgrìobhaidhean dìreach ann an clach no fiodh le eagan airson fhuaimreagan agus sreathan airson chonnragan. Bha ainmean litrichean ann air an aibidil, air an robh a' Bheith-Luis-Nuin (an absaidh), air a h-ainmeachadh an dèidh nan ciad litrichean san Ogham-chraobh. Tha an t-artaigil seo ro ghoirid a mhìneachadh toiseach agus cleachdadh an litreachaidh Oghaim, ach tha cinn-sheanchais mhatha ann an clò agus air-loidhne, a thuilleadh orra-san a tha sean agus mì-stiùireach. Chan eil e buileach fìor a ràdh gur e aibidil chraobhan a tha ann an aibidil na Gàidhlig. Ged a tha an ròlaist cho sean ris a' chrotal, mar a thuirt sgoilear a-mhàin, is e “fionn-sgeul craobhach” a tha ann. Tha e fìor a ràdh gun toir grunn litrichean Oghaim tarraing air craobhan, ach cha toir an còrr.

Aibidil Dhùthchasach 18 Litrichean Ailm (A), Beith (B), Coll (C), Dair (D), Eadha (E), Feàrn (F), Gort (G), Uath (H), Iodh (I), Luis (L), Muin (M), Nuin (N), Onn (O), Peith/Beith Bhog (P), Ruis (R), Suil (S), Teine (T), Ur (U)

Chaidh an t-Ogham eagrachadh ann an còig *aicmi* (*aicmean*) – teaghlaichean de chòig litrichean an urra. Ghabh a' chiad cheithir aicmean de 20 litir a-steach NG is Q is Z, ach cha robh P nan lùib. Bha an còigeamh *aicme* airson litrichean a bharrachd agus bagaidean fhuaimreagan no chonnragan, air an robh *forfeda* (for-fhiodhan no geugan a bharrachd) a ghabh a-steach P agus an dà-fhoghar AE (AO an-diugh) am measg chàch.

Litreachadh Gu h-Àrd Leis a' Bheith-Luis-Nuin

Gus faclan a litreachadh gu h-àrd, cleachd *mòr* airson litrichean mòra agus *beag* airson litrichean beaga. Cuir *stràc* ri ainm na litreach gus an sìneadh fada a chomharrachadh. Bidh feum ann cuideachd air *tàthan* is *asgair* is

orthography. Others might refer to Old Irish or the Ogham script and say something about how a few of the Ogham letters referred to tree names – something from our ancient past but not used today other than on tourist paraphernalia or neo-pagan websites. All of the foregoing responses have some truth. For me, it may be convenient and save time to say “we just use the English names” and move on to more important matters of introductory Gaelic. Yet, I still feel dissatisfied with my response. It would take no more than a few minutes of any Gaelic teacher's time to teach an alphabet that sounds like it actually refers to the language it comes from. I am unable to explain adequately why this has not taken place in either Gaelic Scotland or Ireland. We have two ready-made systems at our disposal that a Gaelic teacher can use – the Ogham “alphabet of trees” and a modern Irish alphabet. In Part Two (to be published in June 2023), I will discuss a modern Gaelic alphabet and propose an addendum for letters not found in the traditional alphabet.

The Beith-Luis-Nuin – The Traditional Ogham Alphabet

Ogham is the oldest Gaelic writing system, used predominantly for inscriptions and written vertically on stone or wood by means of inscribed notches for vowels and lines for consonants. There were letter names for the alphabet, called *a' Bheith-Luis-Nuin* (the ABCs), named for the first letters of the Ogham alphabet. This article is too brief to detail the origins and uses of Ogham orthography and its accompanying letter names, but there are reliable sources available in addition to many outdated and misleading sources both in print and on the internet. It is not completely true to say that the Gaelic alphabet is an alphabet of trees. While that romantic notion is centuries old, it is, in the words of one academic, an “arboreal fiction.” It is true to say that several of the characters of the Ogham alphabet refer to trees, while the remainder do not.

The Traditional 18-Letter Gaelic Alphabet

Ailm (A), Beith (B), Coll (C), Dair (D), Eadha (E), Feàrn (F), Gort (G), Uath (H), Iodh (I), Luis (L), Muin (M), Nuin (N), Onn (O), Peith/Beith Bhog (P), Ruis (R), Suil (S), Teine (T), Ur (U)

Ogham was divided into five *aicmi* – family groupings of five letters each. The first four *aicmi* of 20 letters included NG, Q and Z, but not P. A fifth *aicme* was for supplemental letters and consonant or vowel clusters, called *forfeda* (modern *for-fhiodhan*/additional branches) that included P and the diphthong AE (modern AO) among others.

Spelling Aloud With the Beith-Luis-Nuin

When spelling words aloud in Gaelic, use *mòr* to indicate upper case capitals and *beag* for lower case letters. Add *stràc* after the letter name to indicate the long accent. *Tàthan* (hyphen), *asgair* (apostrophe) and *beàrn* (space) will also be needed. Use definite article, gender and number

beàrn. Eisimpleirean:

- Gàidhlig. “gort mhòr, ailm stràc, iodh, dair, uath, luis, iodh, gort”
- a’ bhò. “ailm, asgair, beàrn, beith, uath, onn stràc”
- an seo. “ailm, nuin, beàrn, suil, eadha, onn”
- MacÌosaig. “muin mhòr, ailm bheag, coll, iodh mòr stràc, onn beag, suil, ailm, iodh, gort”
- peata-ruadh. “peith, eadha, ailm, teine, ailm, tàthan, ruis, ur, ailm, dair, uath”

Bruidhinn Mu Litrichean:

- The E is missing. Tha an eadha a dhìth.
- Where is the G in leughadh? Càite bheil a’ ghort ann an leughadh?
- You omitted the capital Ò. Dh’fhàg thu an t-onn mòr stràc às.
- The I’s need long accents on them. Tha feum aig na h-iodhannan air stràcan.

Faclair

ailm b. (gin. ~e, iol. ~ean); beith b. (gin. ~e, iol. ~ean); coll f. (gin./iol. coill); dair b. (gin. ~e, iol. ~ean); eadha b. (gin. eadha, iol. ~nnan*); feàrn b. (gin. ~a, iol. ~an); gort b. (gin. ~a, iol. ~an); uath f. (gin. ~a, iol. ~an); iodh f. (gin. ~a, iol. ~annan); luis b. (gin. ~e, iol. ~ean); muin b. (gin. ~e*, iol. ~ean*); nuin b. (gin. ~e*, iol. ~ean*); onn f. (gin. ~a, iol. ~an); peith b. (gin. ~e, iol. ~ean*); ruis b. (gin. ~e, iol. ~ean); suil b. (gin. ~e, iol. ~ean); teine f. (gin. ~, iol. ~ean*); ur f. (gin. uir, iol. uir*)

* foirmean neo-dhearbhte ann am faclair, air an dealbhachadh an coimeas ri ainmean no ainmean litrichean coltach.

of letter names as required. Examples:

- Gàidhlig. “gort mhòr, ailm stràc, iodh, dair, uath, luis, iodh, gort”
- a’ bhò. “ailm, asgair, beàrn, beith, uath, onn stràc”
- an seo. “ailm, nuin, beàrn, suil, eadha, onn”
- MacÌosaig. “muin mhòr, ailm bheag, coll, iodh mòr stràc, onn beag, suil, ailm, iodh, gort”
- peata-ruadh. “peith, eadha, ailm, teine, ailm, tàthan, ruis, ur, ailm, dair, uath”

Speaking About Letters:

- The E is missing. Tha an eadha a dhìth.
- Where is the G in leughadh? Càite bheil a’ ghort ann an leughadh?
- You omitted the capital Ò. Dh’fhàg thu an t-onn mòr stràc às.
- The I’s need long accents on them. Tha feum aig na h-iodhannan air stràcan.

Dictionary

ailm f. (gen. ~e, pl. ~ean); beith f. (gen. ~e, pl. ~ean); coll m. (gen./pl. coill); dair f. (gen. ~e, pl. ~ean); eadha f. (gen. eadha, pl. ~nnan*); feàrn f. (gen. ~a, pl. ~an); gort f. (gen. ~a, pl. ~an); uath m. (gen. ~a, pl. ~an); iodh m. (gen. ~a, pl. ~annan); luis f. (gen. ~e, pl. ~ean); muin f. (gen. ~e*, pl. ~ean*); nuin f. (gen. ~e*, pl. ~ean*); onn m. (gen. ~a, pl. ~an); peith f. (gen. ~e, pl. ~ean*); ruis f. (gen. ~e, pl. ~ean); suil f. (gen. ~e, pl. ~ean); teine m. (gen. ~, pl. ~ean*); ur m. (gen. uir, pl. uir*)

* forms not attested to in dictionaries, devised by analogy with similar nouns or other letter names.



Fiosrachadh air an eadar-lìon / Internet references:

- Wikipedia: Ogham <https://en.wikipedia.org/wiki/Ogham>
- Wikipedia: Forfeda <https://en.wikipedia.org/wiki/Forfeda>
- LearnGaelic <https://learngaelic.scot/scottish-gaelic-alphabet.jsp>

Photo Quiz

This bilingual sign is hiding in plain sight in George Square. At what Scottish institution will you find it? You will find the answer on page 13.



Jeff W. Justice



Litir bhon Cheann-suidhe le Liam Ó Caiside

A chàirdean còire,

An toiseach, bu chòir dhomh meala-naidheachd a chur air Slighe nan Gàidheal ann an Siatal airson na h-obrach a rinn iad aig Fèis a' Gheamhraidh am-bliadhna. 'S e tachartas cho math 's cho ùidheil 's a bha mi an sàs ann ann an iomadh bliadhna a bh' ann.

Cha robh iad a' dèiligeadh dìreach ris a' chànan agus ceòl a-mhàin ach ri cultar nan Gàidheal air an iomlan – rudan mar bheul-aithris neo *oral tradition* agus na “daoine eile” (cha bu chòir dhomh s*#h a ràdh) ann an saoghal nan Gàidheal. Agus bha clasaichean Gàidhlig agus òrain ann cuideachd, agus cothrom bruidhinn ri caraidean seana agus ùr. Tha e soilleir gur e coimhearsnachd ionnsachadh na Gàidhlig – neo dìreach “coimhearsnachd Ghàidhlig” – làidir, beartach, agus adhartach a th' ann an SnG. Mòran taing dhaibh agus guma fada beò am bradan!

Am faca sibh Nighean Ìomhair air a' chiad latha dhen Ghearran am-bliadhna? Chan fhaca mise Nighean Ìomhair, ach cha chreid mi gu bheil an tè sin a' fuireach faisg ormsa idir!

Cò th' ann an Nighean Ìomhair ach nathair a thigeadh às a toll an latha ud, Là Fhèill Brìghde. Dh'fhaoidte gur e “nimhir” a bh' innte, agus gur e leas-ainm a gheibh sinn ann an “Nighean Ìomhair.” Cha bu chòir dhut a h-ainm ceart a chleachdadh gun a bhith a' tarraing aire dhut fhèin.

Thigeadh an nathair, neo an nimhir, às an toll, ged a bhiodh troigh de shneachd ann, agus thigeadh an t-earrach, a dh'aindheoin an fhuachd, air Là Fhèill Brìghde. Dh'ionnsaich sinn sin agus tuilleadh anns a' phrògram Zoom againn airson Là Fhèill Brìghde an ceathramh latha den Ghearran seo le Bria Mason, Greagóir Ó Dáire, agus Adam Dahmer.

Sgrìobh Alexander Carmichael (fear a' Charmina Gaedelica) seo ann an leabhar-nòtaichean (see <https://carmichaelwatson.blogspot.com/2011/03/latha-fheil-brighde-st-brides-day.html>):

Mrs. Major MacLeod, a daughter of the celebrated Flora MacDonald, was on a visit to Mr. Tolmie ... One day while at breakfast some person remarked that the day was La-fheil-Brighde, St. Brigit's day. On hearing which Mrs. Major MacLeod started up, got a stocking, put something

Letter from the President by Liam Cassidy

Dear friends,

First, I must congratulate *Slighe nan Gàidheal* in Seattle on their *Fèis a' Gheamhraidh* (winter *fèis*) this year. It was as good and as interesting an event as any I've attended in many years.

They didn't deal just with language and music alone but with Gaelic culture as a whole – things such as oral tradition or *beul-aithris* and the “other folk” (I shouldn't say “F*#!ies”) in the life of the Gael. And there were Gaelic language and song classes as well, and opportunities to talk with friends old and new. Many thanks to them and long life to the salmon!

Did you see *Nighean Ìomhair* (Ivor's daughter) the first day of February this year? I didn't see her, but I don't believe Ivor's daughter lives anywhere near me!

Who is *Nighean Ìomhair* but a snake or adder that comes out of its hole on that day, St. Bridget's Day. Perhaps she's actually a *nimhir* or a serpent and *Nighean Ìomhair* is a nick-name of sorts. You shouldn't draw attention to yourself by using its true name.

The adder will come out of the hole, even if there's a foot of snow, and the spring will come, despite the cold, on St. Bridget's Day. We learned that and more in our Zoom Program on *Là Fhèill Brighde* on February 4 with Bria Mason, Greagóir Ó Dáire, and Adam Dahmer.

Alexander Carmichael, author of the *Carmina Gaedelica*, wrote the below in one of his notebooks (*leabhar-nòtaichean*) (see <https://carmichaelwatson.blogspot.com/2011/03/latha-fheil-brighde-st-brides-day.html>):

Mrs. Major MacLeod, a daughter of the celebrated Flora MacDonald, was on a visit to Mr. Tolmie ... One day while at breakfast some person remarked that the day was La-fheil-Brighde, St. Brigit's day. On hearing which Mrs. Major MacLeod started up, got a stocking, put something in it, probably a piece of peat, and

in it, probably a piece of peat, and proceeded to pound it down with a mallet saying as she did so:

‘Là Fhèill Brìghde thig Nighean Ìomhair as an toll Cha bhoìn mise do Nighean Ìomhair, ’s cha bhoìn Nighean Ìomhair rium.’

If the serpent under the name of Nighean Ìomhair is pounded in effigy on Là Fhèill Brìghde, the day on which it is believed it emerges from its winter retreat, it cannot sting that person during the whole year again.”

Ann an àiteachan eile, theirreadh iad “rìghinn” an àite “nighean”:

An-diugh Là Fhèill Bhrìde,
Thig an rìghinn às an tom,
Cha bhean mise ris an rìghinn,
Cha bhean an rìghinn rium.

Tha a h-uile rud seo ag innse dhuinn gum biodh an t-side air atharrachadh, agus gum bu chòir dhuinn mì-àgh a sheachnadh. Rudan a bha, agus a tha, cudromach, Nighean Ìomhair ann neo às.

Rud eile a tha cudromach ’s e gum bi sinn a’ cruinneachadh a-rithist am-bliadhna aig Beinn Seanair agus Colaisde Lees-MacRae ann am Banner Elk ann an Carolina a Tuath, 2-7 an t-Iuchar. Seo agaibh na tidsearan: Fiona J. NicChoinnich, Wilma NicUalraig, agus Stèiseag Nic ’IllEathain. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air an làrach-lìn againne. Tha mi ’n an dòchas gum faic mi sibh ann!

Liam Ó Caiside
Ceann-suidhe, ACGA

proceeded to pound it down with a mallet saying as she did so:

*‘St. Bridget’s Day Nighean Ìomhair comes out of the hole,
I won’t harm Nighean Ìomhair, and Nighean Ìomhair won’t harm me.’*

If the serpent under the name of Nighean Ìomhair is pounded in effigy on Là Fhèill Brìghde, the day on which it is believed it emerges from its winter retreat, it cannot sting that person during the whole year again.

In other places, they would say “queen” in place of “daughter”:

Today is St. Bridget’s Day
The queen will come out of the hillock
I won’t interfere with the queen
The queen won’t interfere with me.

This all tells us that the weather is changing, and that we should avoid ill luck. Things that were, and are, important, whether *Nighean Ìomhair* is there or not.

Also important, we’ll be gathering again this year at Grandfather Mountain and Lees-McRae College in Banner Elk for our Gaelic Song and Language Week in North Carolina, July 2-7. The teachers are: Fiona J. MacKenzie, Wilma Kennedy, and Stacey MacLean. You will find more information on our website. I hope to see you there!

Liam Cassidy
President, ACGA

Seanfhacal na Ràithe – Pictured Proverb


Do you know what familiar Gaelic proverb is illustrated here?

Check page 18 to see if you’re right.



Image by Harold Matern, Pixabay. <https://pixabay.com/>

Elementary Crossword: An t-side (the weather)




Across

- 1 Wet (6)
- 6 Dry (6)
- 7 Rain (2,1-5)
- 8 Ice (5)
- 9 Sunny (8)
- 15 Tornado (7)
- 16 Thunder (11)
- 18 Hot (4)

Down

- 2 Hailstone (5-9)
- 3 Cold (4)
- 4 Snow (7)
- 5 Calm (5)
- 8 Lightning (9)
- 10 (Another word for) weather (6)
- 11 Clouds (7)
- 12 Windy (8)
- 13 Warm (5)
- 14 Storm (6)
- 17 Mist (3)

Tòimhseachan-tarsainn Adhartach: Aig a' Chladach



Tarsainn

- 1 Dion craicinn (2-7)
- 9 Seallaidh iad an t-slighe (5-6)
- 12 Crìoch na mara (5)
- 13 Bidh e sa h-uile h-àite (10)
- 15 Brèagha, ach na bean ris (4-6)
- 16 Faodaidh tu coimhead sìos air a' mhuir bhuapa (7)
- 17 Gabhaidh cuid aca ithe (8)
- 18 "Coille-uisge na mara" (4,10)

Sìos

- 2 Adhar a' gluasad (5)
- 3 Eòin chumanta na mara (10)
- 4 A' gluasad le cumhachd na gaoithe (4-5)
- 5 Rudan a chruinneachas tu, 's dòcha (7-5)
- 6 Àite son bhàtaichean (6)
- 7 Pìosan fiodha inntinneach (4-8)
- 8 A' gluasad le cumhachd an duine (4-4)
- 10 Na tha thu a' cluinntinn an seo (7,2,4)
- 11 Bidh e a' bioradh nan sùilean (7-4)
- 14 Tha iad a' coiseachd air fiaradh (8)

See page 22 for solutions.

Nuair a dh'fhàg sinn Iain agus a chompanaich, bha iad ann an sealladh a' chinn-uidhe aca – Eilean Uaigneach. Ach aig an aon àm chunnaic iad rudeigin a bha iad an dòchas nach fhaiceadh iad tuilleadh.

Sgoil nan Eun neo Sgeulachd Iain Fhearchair Òig le Liam Ó Caiside

Caibideil Ficead 's a Ceithir: Crìoch gach Comann

Pàirt a h-Aon: Air druim na h-iolaire

“Thàinig an t-àm, agus thàinig an duine.” “Thig latha a' choin duibh fhathast.” “'S e crìoch gach comann dealachadh.”

'S tric a chruinnicheadh sinn sean-fhaclan, òrain, agus sgeulachdan mar a bha iad nan cuimhneachan agus bidh sinn gan cumail ann an leabhraichean mar a bha iad fuar marbh, glèidhte air duilleagan tro na linntean.

Cha tuig sinn gu bheil iad beò. Cho beò ris an fhuil nar cuislean. Cho beò ri smuain a' ruith tro d' inntinn. Cho beò agus làn deò ris an sgeulaiche a bha romhainn, na shuidhe ri taobh a' ghealbhain, faclan a' taomadh às a bheul agus sinne gan òl.

Nam b' e draoidheachd a bh' ann, bha sinn fo gheasaibh.

Bha sinn ann an taigh na sgeulaiche, am bodach còir ag innse a sgeulachd dhuinn, agus aig an aon àm bha sinn air mullach Beinn a' Chiuthaich ann an Eilean an Eòin, a' coimhead air an Eilean Uaigneach fada bhuainn thar a' chuain air aon taobh agus air sìùil Mhic na h-Oidhche a' teannadh rinn beag air bheag air an taobh eile.

“Dè fon ghrèin a nì sinn?” thuirt Mac Glumaig.

“Faodaidh cuid dhinn itealaich dhan eilean ann an cruth eòin, neo snàmh ann an cruth ròin,” ars Iain.

“Ach tha an t-astar gu math fada, agus ge b' e cho luath a bhiodh sinn, bidh Mac na h-Oidhche agus a long nas luaithe,” thuirt Nighean an Sgàthain.

“Molaidh mi dòigh eile a dhol tarsainn dhuibh,” ars am famhair. “Tha iolaire mhòr a' fuireach an seo, Iolaire Bheinn a' Chiuthaich. An t-ainmhidh as sine san eilean. Tha ise cho mòr 's gum b' urrainn dhi dithist a ghiùlan dhan Eilean Uaigneach ann an ùine nach bi fada.”

Chuir Fear-Feasa dà mheur ri a bheul agus rinn e fead fada biorach. Chuala iad gaoir àrd ga fhreagairt fad às.

Chunnaic iad tùic dhorcha fada bhuapa a' dlùthachadh orra gu luath. Mu dheireadh thall, thàinig an t-eun mòr a bha seo a-nuas às an iarmailt.

Nas motha na each mòr a bha Iolaire Bheinn a' Chiuthaich, le gob dubh agus sùilean buidhe. Bha a spògan cho mòr 's gun togadh i dà chaora reamhar anns gach spòg. Nuair a sheall i air na draoidhean òga, dh'fhairich iad fhèin mar gum b' e coineanaich a bh' anna.

“Bha thu fada bhon eilean, a charaid,” thuirt Fear-Feasa Cam.

“Bha,” fhreagair an iolair, fhathast a' coimhead air na draoidhean òga agus an caraidean. “Dh'itealaich mi os cionn an long ud thall air son coimhead dè 'n seòrsa daoine a th' innte. Loisg iad orm le gunnaichean, na draoidhean! Bha fear mòr grànda ann mar cheannard. Theab gun do bhuail e mi le urchair, ach bha e ro shlaodach.”

“An robh feusag fhada dhubh aige?” dh'fhaighnich Iain. “Seana-chòta mòr agus a aodann air a speach?” dh'fhaighnich Nighean an Sgàthain.

“An dearbh dhuine,” ars an iolair. “Bha e cho grànda ri droch dhùrachd.”

“Cnàmhan Dubha an t-ainm a thug iad air,” thuirt an nighean. “Cha bhiodh e math dha nan tachradh e rium a-rithist.”

Dh'innis Fear-Feasa Cam dhan iolair cò iad agus dè bha iad ag iarraidh. “Bhithinn toilichte gur cuideachadh,” thuirt Iolair Bheinn a' Chiuthaich, “agus nàimhdean sibh dha na spùinneadairean siud. Ach cha



toirinn ach dithist air mo dhruim cho fada ris an Eilean Uaigneach.”

Rinn iad co-dhùnadh gun rachadh Iain agus Nighean an Sgàthain thairis a’ chuain air druim na h-iolaire. Dh’fhàdadh an còrr dhiubh ris an fhamhair agus dhèanadh iad an dicheall an soitheach a chàrachadh.

Thug Mac Mhanainn ceum ri beulaibh Iain. “Tha rudeigin agam ri ràdh dhut,” ars esan. “Is mise do charaid Dollin Mac Kelly, à Baile Mhic Shuibhneigh san Eilean Mhanainn.” Thàinig tioma air Iain. Cha robh na draoidhean a’ cleachdadh an ainmean ceart ri chèile ach far-ainmean. Nuair a thug Mac Mhanainn a ainm dha, chuir e a bheatha na làimh.

“Agus is mise Iain Fhearchair Òig, do charaid seasmhach,” thuirt e, a làmh air gàirdean a charaid. Bha Nighean an Sgàthain suas air druim na h-iolaire mu thràth. “Feumaidh sinn falbh!” thuirt i. Chaidh Iain suas.

Sgaoil Iolair Bheinn a’ Chiuthaich a sgiathan agus a-mach a ghabh iad. Bha grèim làidir aig Iain agus Nighean an Sgàthain air cùl na h-amhaich aice. Thionndaidh Nighean an Sgàthain a h-aodann gu Iain.

“Is mise Dearbhal Ní Chroileagáin,” thuirt i ris. “Chan eil an sin ach d’ ainm,” ars Iain rithe. “Is tusa mo ghaol cho fad ’s a tha mi beò. Sin thusa.”

Agus dh’itealaich iad gu h-àrd thar a’ chuain.

Chunnaic iad an t-eilean agus a dà chnocan cruinnthe a’ fàs dlùth orra agus nas motha fodhpa. Chunnaic iad taigh-tughaidh eadar na cnuic agus riobhag de smùid ag èirigh às. Thàinig Iolair Bheinn a’ Chiuthaich a-nuas agus landaig i air beulaibh an taighe.

Leum Iain agus Nighean an Sgàthain sìos. Chuir an nighean a làmh na làimh. “Tha fhios agad dè cho fada ’s a tha mise a’ fantainn airson na h-uaire seo,” thuirt i ris. “Airson mo mhàthair fhaighinn air ais a-rithist.”

Agus bha fhios aige. Ach càite ’n robh am boireannach caol, àrd, le cuailean clannach air dath an òir a chunnaic e tron chloich?

Chaidh doras an taigh-tughaidh fhosgladh agus thàinig boireannach a-mach, ach cha b’ e màthair na nighinn a bh’ ann, ach cailleach bheag, reamhar le croit air a druim, seòrsa feusaige oirre, agus falt stireach, snìomhach, glas. Bha sùil mhòr fosgailte agus sùil bheag dùinte na h-aodann, agus fiamh-ghàire gann de dheudan ach làn choibhneis.

“Mo mhuime!” dh’èigh an nighean le iongnadh, oir ’s e Cailleach nan Cearc a bh’ ann. Ruith i thuice agus rinn iad dlùth-ghabhail ri chèile.

Bha Iain a’ faireachdainn caran iomagaineach, tha mi cinnteach. Cha do thachair e riamh ri boireannach coltach ris a’ chaillich seo, ged a chuir i Brìd Mhòr nan Each na inntinn. Ach thug a’ chaillich fois-inntinn dha anns a’ bhad. “S math gu bheil thu ann ’Ille Dhuibh nan Eun,” ars ise. “Tha gu leòr againn ri dhèanamh mus tig an ath-latha, agus ruigidh Mac na h-Oidhche.”

An uair sin, thionndaidh a’ chaillich ris an iolair. “Mo bheannachd agus mo bhuidheachas ort! Chuimhnich mi nuair a bha thu nad ugh, Iolaire Bheinn a’ Chiuthaich,” ars an t-seann-bhean, a’ cniadachadh gob mòr dubh na h-iolaire. Chrom an iolair a ceann dhi.

’S e feasgar a bh’ ann an uair sin, agus bha a’ ghrian a’ teannadh ris an dà chnoc. “Na biodh iomnaidh ort, m’ isean, na gabh dragh,” thuirt i ri Nighean an Sgàthain. “Tillidh do mhàthair an ealachd. Chaidh i a-mach a lorg rudeigin a dh’fhàg i am falach – an t-adhbhar a thàinig i dhan eilean.”

Agus an sin, thionndaidh i a-rithist dhan doras. “Thigibh a-steach,” thuirt i ris na draoidhean òga. “Tha mòran agam ri innse dhuibh, agus gun agam ach beagan de thìde.”



Nach cuidich thu An Naidheachd Againne? / Won't you help An Naidheachd Againne?

... by telling us what's happening in your Gaelic community by writing short articles about local events, in English or Gaelic.

Interested? Email naidheachd@acgamerica.org

Bàrdachd airson ar linn

We love it when Gaelic learners turn into Gaelic poets! “Bàrdachd airson ar linn” is an ongoing column to encourage and promote original contemporary Scottish Gaelic poetry. Poets may range from fluent and native speakers to adult learners. This lovely poem, by singer/poet Caroline Bennett, tells the tale of an old spinning wheel and the women who spun on it. Caroline lives in upstate New York.

Cuibhle Shnìomha aig Shirley

le Caroline Bennett

An dachaigh làn càirdeis 's fàilteachan blàth',
Measg còmhraidh tha spòrsail is cupain tì làn,
Fon dealbh tha cuibhle na seasamh na tàmh,
A làthair ag innse dhuinn sgeòil mu thràth,
'S mun àite dhan till mo chridhe.

Sèist

Thug horo eile hiririri o
'S ann binn a seinn a cuibhle-shnìomh' fhéin
Thug horo eile hiririri o
'S i brìgh na snìomhadair a th' innte.

'San dùthaich air àrainn a' Chladach a Tuath,
Far an lùbadh Abhainn a' Chùbhair dhan chuan,
Chaidh bailtean a thogail le daoine bhon cheò
A sheòladh bho Leòdhas gus dèanadh bith-beò,
'S iad fuadaicht' o chòrsa is tìr ann.

B' ann àlainn na raointean a bha faisg air an tràigh
Far am faicear taigh-fearainn ri taobhan a' bhàigh.
Air fearann bha seo ochdad bliadhna 'sa chaidh
Bha dealbh air a thogail 's bu ghrianach an ràith,
Agus sin a' ghlèidh tràth a bha priseal.

Bha nighean na seasamh 'san dealbh fon ghréin,
A seanmhair a' snìomh air cuibhle-bheag fhéin,
Bha sabhal air an cùlaibh 's cròthan ri thaobh
A' cuairteachadh caora clòimheach is caomh.
Ogha maoth agus sèimh an nìonag.

B' i Anna Bhothchannan a shineadh a làmh,
A' snìomh le a biodaig a' coimhead air snàth.
B' ann dàimheil is dileas bha Murchadh a céile.
Na thuathanach dicheallach ag àrachadh spréidhe,
Bha e 'gan cuallach is gléidheadh is dìonadh.

Bha oifis a' phuist aig Anna 'sna làithean sin,
'S ise ga stiùireadh na cidsin bha fàilteachail.
Bhiodh nàbaidh no dhà nan suidhe gach là ann,
Mar a b' àbhaist toirt seanchais is dàin 'sa Ghàidhlig.
B' e naidheachd an latha a dh'innseadh iad.

Bha glasraich 'sa ghàrradh 's cearcan 's caoraich,
Is èisg 'san ràith is measan air craobhan.
Gun togadh an t-ogha is i suaic 's i caomhail,
Is dh'fhàsadh i suas na cuachag ghaolach.
'S e dualchainnt nan Gàidheal a bha innte.



Shirley Hefferon

Anna Buchannan's Spinning Wheel

The inspiration for this poem was an old spinning wheel belonging to Shirley Hefferon of Baddeck, Cape Breton. Shirley grew up at Indian Brook (Abhainn a' Chùbhair) near the North Shore, and her people had come from Lewis long ago. She remembers her grandmother, Anna Buchanan, spinning on this wheel. The spinning wheel had belonged to Anna's

mother-in-law before her. The wheel prompted stories and memories of a childhood growing up on Anna and Murdock Buchanan's small farm at Indian Brook, where this picture of Shirley and her grandmother was taken in the late 1940s. The wheel now stands beneath this picture and Caroline spins on it when she visits Cape Breton each year.

As déidh ochdad bliadhna 's falt glas air a ceann,
Tha cuimhneachan aic' air a beatha a bha ann.
De na duilleagan-bàite a' snàmh air an linn
le fàileadh bha àlainn 's flùr-bhileagan mìn,
Air fìod air bàrr mar neul.

Air carbad-eich 's i suidhe air saoidhe,
'S a' ruagadh cearcan a bha air an sgaoidhadh,
De bhràthair a mhàthar ga draibheadh 'san àile,
'S oiteagan saille air feasgaran blàtha.
'S a' coimhead air bàtaichean iasgaich.


An-diugh is i fuireach faisg air bàgh eile,
Bidh càirdean 'sa chidsin gach là airson cèilidh.
Nan àgh no nan àmhghar bidh iadsan ri chèile,
Le dàimh 's le gàire 's sgeulachdan èibhinn.
A' dèanadh am bàidhe gun ìmpis.

Tha gàire a' cluiche na sùilean donn àillidh,
'S i bruidhinn air beatha làn gràdh agus càirdeis.
Bha a cuibhle na tàmh ach a-nis tha i deàrrsach,
Is mise a' snìomh 'son là ùr an snàith seo
Le màthair a màthar nam inntinn.

The Gaelic Society of Toronto Gaelic Poetry Contest

Contest Details:

- The contest welcomes international entrants.
- There are two categories, Intermediate and Advanced. The Advanced category welcomes both learners and native / fluent speakers.
- There is no fee for the first entry. Additional entries are \$10 CAD each, with a maximum of three entries per person.
- The contest closes on World Poetry Day, **March 21, 2023**.
- Winners will be announced in the Society's newsletter and social media on April 1, 2023 (April is National Poetry Month in both Canada and the United States).



Rules:

- All poems must be in Gaelic. English translation is not required.
- Poems must be previously unpublished (in print or online) and no longer than forty lines.
- Entrants can only enter into one category, either Intermediate or Advanced. Anyone who enters both categories will be disqualified.
- Please upload only one .pdf or .doc file per entry. The title must also be the document's name.
- Do not include your name or other identifying information on the document.
- Poems can be on any topic.

Prizes:

- First prize in each category is \$150 CAD.
- The runner-up prize in each category is a copy of two Canadian poetry books, *Òr a Mhaireas / Lasting Gold* and *Ràithean airson Sireadh / Seasons for Seeking*.
- First-place and runner-up winning entries will be featured in the Society's newsletter with the winning entries read at the Society's virtual ceilidh on April 21, 2023.

Judges:

Zachary Wallace, Dr. Nathaniel Harrington, Gillebride MacMillan

For full details, payment (if applicable), and to submit poems, see:

<https://www.gaelicsocietytoronto.com/farpais-bagraverdachd-ghagraveidhlig--gaelic-poetry-contest>



**bradan
press**

Leabhraichean ùra á Albainn Nuaidh

New Gaelic books from Nova Scotia



IAIN
of New Scotland
Margaret MacKay
with a foreword by Diana Gabaldon



Mòr-thubaist
aig na
Geamannan
Gàidhealach

air a sgrìobhadh le Rìel Nason
na dealbhan le Nathasha Pilotte
air eadar-theangachadh le Mòrag Anna Nicheal

◀

L: Historical fiction with a foreword by *Outlander* author Diana Gabaldon.

R: *Mo chreach!* It's a Highland dance disaster at the Games!



Ros Fiadhach

Nicola R. White
Katia Vecchio

Nathaniel Harrington · Eimilidh NicEoghainn
Kara Braum · Jono Dorian · Maria Nguyen



DORSAN
LE AONGHAS MACLEOD



Failte!

A COLOURING BOOK OF
Scottish Gaelic
Phrases & Proverbs
Gayle Weatherson

◀

30 intricate drawings to colour by Gayle Weatherson, with Gaelic translations & pronunciation.

New Nova Scotia Gaelic poetry about love, loss...and cookies. Parallel English translations. ▶



ÒR

A MHAIREAS
Bardach Òr a Albainn Nuaidh
LASTING GOLD
New Nova Scotia Gaelic Poetry

air a dhealachadh le | edited by
Eimilidh NicEoghainn
dòmair | with
Saoige NicDhonnell

◀

L: "Wild Rose," a graphic novel tale of love, betrayal, and revenge set in 18th-century Ireland & London by award-winning romance novelist Nicola R. White. R: "Doors," the second graphic novel of eldritch horror & fantasy short stories by Cape Breton author-artist Angus MacLeod.

Ordering info, discounted book boxes, free resources & more at

bradanpress.com

Meek Lines

Professor Donald Meek, academic, editor, writer, and poet, shares his poetry on a Facebook page called “Meek Lines,” explaining that he uses Facebook “in the same way our ancestors used the oral airwaves of their own day. Songs were sung and recited far beyond the composer’s original locality.” And as Meek reminds us, “Poems and songs are for sharing, and that is what gives them life.”

In that spirit of sharing (and with Professor Meek’s permission), in this issue of *An Naidheachd Againne* we have again asked one of our friends, Mike Mackay, to pick a poem from “Meek Lines” and tell us what it means to them.

A fluent Gaelic speaker, Mike has mentored many Gaelic learners through the years. He is a long-time member of ACGA, has served as president of the Society and also as an organizer of Mòd Nàiseanta Aimeireagaidh.



An Cù Beag

le Dòmhnall E. Meek

A choin bhig mo ghràidh-sa,
Is mòr m’ ionndrainn an-dràsda,
'S mi a' cuimhneachadh àbhachd do dhòigh.

Mar a bhiodh sinn dol sràidean
Feadh a’ bhaile gu làitheil,
'S tu a’ feuchainn gach fàileadh led shròin,

'S mi gad leantainn sna pàircean,
Is do theadhair nam làimh-sa,
'S tu gam dhraghadh gu làrach do dheòin!

'S tric a bhruidhninn ri nàbaidh
Le còmhradh beag bàidheil,
Is rachadh coigrich nan càirdean bha còir.

Is tu a chuireadh deagh fhàilte
Air gach inbheach is pàisde,
'S bha do chridhe làn blàths do ar seòrs',

Ach coin eile bu ghràin leat,
'S iad nan cunnart air d' àrainn -
'S tu riaghladh mar Bhàn-righinn gach fòid!

Chì mi a-nis thu sa ghàrradh
'S tu a’ ruith anns gach àite,
'S tu a’ fuadach gach nàmhaid à d’ chòir,

A’ falbh le leumannan àlainn
Mu thimcheall gach fàil dheth,
Cluich 's a' cleasachd aig àirde do spòrs.

Cha robh feòrag am pàirt dheth
No creutair nach b’ àill leat
Nach d’fhuair rabhadh bhith fàgail do chòrs'!

'S ged a bhithinn-sa cràiteach
Le trom-smuaintean mo nàdair,
Bheireadh tusa orm gàire is ceòl.

Fad nan sia bliadhna bha thu
Le co-chomann bu làidir
A’ cur neart ann am chnàmhan is treòir.

Ach is olc leam ri ràidhtinn
Gun tàinig laigse nad shlàinte,
Is gun romhad ach àmhghar is bròn.

Bu shearbh leam an t-Sàbaid
A thàinig crìoch air ar n-àbhachd,
Is a dhealaich do bhàs sinn le deòir.

Is a-nis tha na sràidean
Fuar, falamh fom shàiltean,
'S mi gad ionndrainn an-dràsda gu mòr.

Thug mi 'n aire dhan dàn seo aig Mgr Meek còir, nuair a chaidh mi air Facebook an latha roimhe, oir thàinig dealbh an cois an dàin, anns an robh dà rud a bheir toilicheas dhomh, gu h-àraid mu'n àm seo dhe'n bhliadhna: sneachd domhainn, agus cù na mhìreadh ann. Nist, a chàirdean, tha mi gu math cinnteach gun aithne dhuibh dhol air an eadar-lìon agus, ann an iomadach àite, coimhead air cù, no coin, no piseag, no cait, agus iad ri cleasachd no ri àbhachd, agus sinn uile ag ràdh, “nach grinn sin!” Agus tha peat' air a bhith againn uile tha mi cinnteach, aig àm air choir-eigin, agus làn fhios againn air an tlachd, a' chomhfhurt, a' mhùirn, agus a' bhròn, a thig an cois gach latha agus companach beag – no “pàisde bèin” mar a chanas cuid riutha – mar phàirt dhe'r beatha – agus 'se sin, saoilidh mi, a bhios gar tarraing chun nan làrach sin turas agus turas.

Ach, a' cumail dàn Mhgr Meek mar chuspair an seo, thàinig e a-steach orm gu bheil Dòmhnall còir air, chan e a-mhàin an t-èolas a th' aig gach duine agus peat' aca a chur an cèill, ach gu h-àraid mar a tha cù agus coin, dha dhuine sam bith aig a bheil na creutairean còir seo. Eadar mar a dhraghais cù sinn a dh' àite a thoil fhèin, no mar a leumas e no i na làn àbhachd is spòrs, no mar a nì iad dìon dhan dachaidh, ge b' e dè seòrsa chunnart a tha – agus nach eil – ann, thug Mgr Meek dealbh is iomhaidh nan con ann an dòigh a dh' aithnicheas duine sam bith sa mhionaid – agus a chuireas snodha-ghàire air aodann aig a' cheart àm.

